

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

## le Ruairidh MacIlleathain

### Am Brusach ann an Inbhir Nis (1)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclean@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclean@bbc.co.uk). This is Litir 1,080. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 777 corresponds to Litir 1,081.*

Tha ceist agam dhuibh. Cuin a nochd Rìgh na h-Alba ann an Inbhir Nis airson ainm a chur ri co-chòrdadh eadar-nàiseanta? Uill, tha e a’ dol air ais dhan bhliadhna trì cheud deug ’s a dhà-dheug (1312). ’S e Raibeart am Brusach a bh’ air rìgh-chathair na h-Alba. Bha Blàr Allt a’ Bhonnaich gu bhith ann dà bhliadhna an dèidh sin.

Ann an Litir ochd ceud, seachdad ’s a h-aon (871), dh’inns mi dhuibh mu Cho-chòrdadh Pheairt, a thug gu crìch an smachd a bh’ aig na Lochlannaich air ceann an iar-thuath na h-Alba – agus sgìrean is eileanan deas gu Eilean Mhanainn. Chaidh an t-aonta a tharraing ri chèile le riochdairean aig Nirribhidh agus Alba ann am Peairt anns a’ bhliadhna dà cheud deug, seasgad ’s a sia (1266).

Bha sin trì bliadhna an dèidh Cath na Leargaidh Ghallta eadar Nirribhidh agus Alba. Bha Alasdair III na rìgh aig Alba aig an àm sin. A rèir an aonta, bhiodh Alba a’ pàigheadh sùim de cheithir mìle marg agus an uair sin ceud marg gach bliadhna – agus gheibheadh i smachd air tìrean nan Lochlannach ann an Alba, agus faisg air Alba, ach a-mhàin Arcaibh is Sealtainn. A bharrachd air sin, bha aonta ann a thaobh mar a bhiodh dìon is còraichean aig maraichean Lochlannach a chailleadh an soitheach mar long-bhriseadh far cladaichean na h-Alba.

Ach cha b’ e sin deireadh an sgeòil airson Co-chòrdadh Pheairt, a bha eadar Alasdair agus Rìgh Nirribhidh, Mànas IV. Chaidh a dhaingneachadh ann an Inbhir Nis nuair a bha am Brusach air an rìgh-chathair. Bha an Rìgh fhèin an làthair airson ainm a chur ris an sgrìobhainn.

Tha dreach dhen aonta – air eadar-theangachadh gu Beurla – anns an leabhar *Invernessiana*, a chaidh a chur ri chèile le Teàrlach Friseal Mac an Tòisich. Thàinig an dà thaobh ri chèile air an latha mu dheireadh dhen Dàmhair ann an trì cheud deug is dhà-dheug (1312). Ann an sgioba na h-Alba, a bharrachd air an rìgh, bha co-dhiù ceathrar easbaigean – Obar Dheathain, Mhoireibh, Rois is Ghallaibh. Agus bha co-dhiù trìuir iarlan ann – Rois, Athall is Mhoireibh. Ciamar a tha fios againn air sin? Uill, tha iad uile air an ainmeachadh anns an sgrìobhainn. Chuir iad an seulachan pearsanta rithe.

Cha robh Rìgh Nirribhidh, Håkon V, an làthair, ge-tà. Bha e air a riochdachadh le àrd-easbaig, dithis easbaigean, iarla agus dithis bharan. Tha Friseal-Mac an Tòisich a’ sgrìobhadh nach robh riamh coinneamh cho cudromach, a bha ag amas air gnothach sìtheil, ann an Inbhir Nis. Bha e a’ sgrìobhadh mus robh coinneamh Caibineat na Rìoghachd Aonaichte air a cumail ann am prìomh bhaile na Gàidhealtachd ann an naoi ceud deug, fichead ’s a h-aon (1921) – airson bruidhinn air suidheachadh na h-Èireann. Ach, eadhon le sin, dh’fhaodamaid a ràdh gu bheil beachd **Fhriseil-Mhic an Tòisich** fhathast ceart.

Cha deach an t-aonta atharrachadh. Dhearbh am Brusach gun cumadh Alba ris na dleastanasan aice. Bhiodh i a' cur ceud marg a h-uile bliadhna gu sìorraidh gu Rìgh Nirribhidh agus oighrean. Bhiodh an t-airgead air a thoirt seachad air Fèill Eòin ann an Eaglais an Naoimh Mhànaidh ann am Baile na h-Eaglaise ann an Arcaibh – tìr a bhuineadh do Rìgh Nirribhidh.

A bheil sin a' ciallachadh gum bi Alba fhathast a' cur sùim co-ionann ri ceud marg gu Nirribhidh gach bliadhna? Bheir sinn sùil air sin an ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Blàr Allt a' Bhonnaich: *The Battle of Bannockburn*; Co-chòrdadh Pheairt: *The Treaty of Perth*; Cath na Leargaidh Ghallta: *The Battle of Largs*; Alasdair III: *Alexander III*; Mànas: *Magnus*; sgrìobhainn: *document*; gu sìorraidh: *forever*; oighrean: *[his] descendants*; Fèill Eòin: *the feast-day of St John*.

**Abairtean na Litreach:** airson ainm a chur ri co-chòrdadh eadar-nàiseanta: *to put his name to an international treaty*; 's e Raibeart am Brusach a bh' air rìgh-chathair na h-Alba: *it's Robert the Bruce that was on the throne of Scotland*; a thug gu crìch an smachd a bh' aig na Lochlannaich: *that brought to an end the Scandinavian control*; deas gu Eilean Mhanainn: *south to the Isle of Man*; bhiodh Alba a' pàigheadh sùim de cheithir mìle marg: *Scotland would pay a sum of four thousand merks*; ach a-mhàin Arcaibh is Sealtainn: *except for Orkney and Shetland*; a thaobh mar a bhiodh dìon is còraichean aig maraichean Lochlannach: *how Scandinavian mariners would have protection and rights*; a chailleadh an soitheach mar long-bhriseadh far cladaichean na h-Alba: *that lost their vessel as a shipwreck off the shores of Scotland*; deireadh an sgeòil: *the end of the story*; an latha mu dheireadh dhen Dàmhair: *the last day of October*; ceathrar easbaigean – Obar Dheathain, Mhoireibh, Rois is Ghallaibh: *four bishops – of Aberdeen, Moray, Ross and Caithness*; chuir iad an seulachan pearsanta rithe: *they put their personal seals on it*; air a riochdachadh le àrd-easbaig: *represented by an archbishop*; mus robh coinneamh Caibineat na Rìoghachd Aonaichte air a cumail ann am prìomh bhaile na Gàidhealtachd: *before the meeting of the UK cabinet was held in the Highland capital*; eadhon le sin, dh'fhaodamaid a ràdh: *even with that, we might say*; dhearbh X gun cumadh Alba ris na dleastanasan aice: *X confirmed that Scotland would meet its obligations*; Eaglais an Naoimh Mhànaidh ann am Baile na h-Eaglaise: *the Church of St Magnus in Kirkwall*.

**Puing-chànain na Litreach:** beachd Fhriseil-Mhic an Tòisich: *The double-barrelled surname Friseal-Mac an Tòisich (Fraser-Mackintosh) would be traditionally genitivised by genitivising each component of the compound. Friseal becomes Fhriseil and Mac an Tòisich becomes Mhic an Tòisich. However, such norms are less strictly adhered to today, and many people would use the nominative form of such a complex name as the genitive (or use the anglicised form). I have heard people refer to the famous naturalist, Frank Fraser Darling (no hyphen), who lived in the Highlands for many years, as 'Fhriseil Darling' in the genitive eg leabhar Fhriseil Darling 'Fraser Darling's book'.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** a chaidh a chur ri chèile: *that was compiled, drawn together.*

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA*